Tha mi fuar. Tha e teth. Tha iad laidir. Tha 'n teach ag ith coirce. Tha 'm balachan a léughadh a leasain. Tha na coinulean a losgadh. Tha a' bhò a cnamh a cìre. Tha 'ghrian a dol fo. Craighidh balachan leasg, 'fhear-teagaisg meallaideh'pharantan, agus sgriosaidh se e fein. Is urrainn mi maitheadh dha. Faodaidh iad a bhith iar di-chuimhnachadh an tăisg. Ullaich do leasan. Tha thu a smuanachadh gu ceart. Bithidh e ait 'nuair a dhinnsear deadh sgéul. Tha e misnichte. Dhiteadh iad le

judges. You may be discovered by the spies. The child was caressed. Our hearts are deceitful. To see the sun is pleasant. Promoting others welfare, they advanced their own interest. Having resigned his office, he returned.

Who is this beautiful virgin that approaches clothed in a robe of light green? She has a garland of flowers on her head, and flowers spring up wherever she sets her foot. The snow which covereth the fields, and the ice which was on the rivers, melt away when she breathes upon them. The young lambs frisk about her, and the birds warble to welcome her coming: when they see her, they begin to choose their mates and to build their nests. Youths and maidens, have you seen this beautiful creature? If you have, tell me who she is, and what is her name.

*7. Point out the Adverbs in each of the following sentences, stating, at the same time, what other part of speech it modifies:—*

na breitheamhan. Faodard' fhaicinn le na beachdairean. Thaladhadh an leanabh. Tha ar cridheachan aingidh. Is taitneach a' ghrian fhaicinn. A meudachadh sónais muinntireile dh-àrdaich iad an leas fein. Iar dha 'dhreuchd thoirt suas, phill e.

Co i an oigh sgìamhach so a tha teachd, sgeadaichte le trusgan gorm glas? Tha crùn de bhlathan aice mu 'ceann, agus tha blathan a fàs suas anns gach ait an leig i a cás. Leaghaidh an sneachd a tha comhdachadh nan achaidhean agus an eigh a bh' air na abhnaichibh air-falbh, 'nuair a shéideas i orra. Tha na h-uain oga ri mìre mu'n cuairt di, agus na h-eoin a séinn, a failteachadh a teachd; 'nuair a chi iad i toisichidh iad ri taghadh an céilean, agus ri deanamh an nid. Oigearan 'sa ghrugaichean am faca sibh an crèutair boidheach so? Ma chunnaic, innsibh dhomh, co i, agus ciod is ainm dhi.

*7. Comharraich a mach na Co-gniomharan anns gach aon de na ciallairtean a leanas ag iomradh aig an am cheudnaciòd na pairtean coinnt eile a ta iad a neartachadh :—*

She speaks well. Your conduct is not perfectly correct. He has certainly been diligent, and will probably succeed. He has been here twice, but I saw him only once. You act foolishly. I am truly sorry for your folly. He spoke elegantly, but not prudently. The pen is too soft, it does not write nicely.

The boy is not yet sufficiently educated for the office of a clerk in the bank ; he must apply very assiduously to the study of composition, arithmetic, and book-keeping, in order to be soon qualified for a situation so highly important.

### PARSING.

Parsing is the analyzing of a sentence, or the explaining of all its words according to the definitions and rules of grammar.

A grammatical definition is a concise description of a part of speech, or a figure of speech.

A rule of grammar is a

Tha i a labhairt gu math. Cha n 'eil do ghiùlan fiorcheart. Tha e iar a bhith gu cinnteach dichiollach, agus a réir coltais, soirbhichidh leis. Tha e iar a bhith an so dà uair ; ach chunnaic mise e aon uair a mhain. Tha sibh a deanamh, gu h-amaideach. Tha mi gu dearbh duilich airson bhur gòraich. Labhair e gu snasmhor, ach gu neochuramach. Tha 'm peann ro bhog cha 'n 'eil e a sgriobhadh gu grinn.

Cha 'n 'eil am balachan fathast ionnsaichte gu leòir airson oifig cléirich anns a bhanc, féumaidh e teannadh gu fior-dhùrachdach ri ionnsachadh co-sgriobhaidh, cunntais, agus leabhar-chumail, chum a bhi gu luath deasaichte airson aite cho ard-fhéumail.

### PAIRTEACHADH,

Is e Pairteachadh eadar-sgaradh ciallairte, no min-eachadh a h-uile focal a ta ann a réir brighardan agus rialtan gramair.

Is e brighard gramarail min-chunntas mu fhocal cainnt, no mu fhipgear cainnt.

Is i rialt gramair, lagh

law by which custom regulates and prescribes the right usage of language.

The mode of parsing a sentence is thus exemplified :—

Lo ! the sagacious dog is always ready to execute the duty required of him.

*Lo !* an Interjection.—An interjection is a word which expresses a sudden emotion of the mind.

*The*, an Article.—An article is a word placed before a noun, to point out its meaning.

*Sagacious*, an Adjective.—An adjective is a word which expresses quality or degree, and is joined to a noun or pronoun, to describe it.

*Dog*, a Noun.—A noun is the name of a person or an animal, &c.

*Is*, a Verb.—A verb is a word which affirms what is said of persons and things.

*Always*, an Adverb.—An adverb is a word joined to a verb or participle, an adjective, or another adverb, to modify it.

*Ready*, an Adjective.—An adjective is a word, &c.

*To execute*, a Verb.—A verb is a word, &c.

*The*, an Article.—An article is, &c.

*Duty*, a Noun.—A noun is, &c.

*Required*, a Participle.—A participle is a word derived

## FOCLACHADH.

leis am beil àbhaist a riagh-ladh agus a seòladh ceart chleachdadadh na cainnt.

Tha rian pairteachaidh ciallairte iar a leigeil ris ; mar so,—

Feuch ! tha 'n cù géur a ghnà deas gus an dleasan-nas sirte air a dheanamh.

*Feuch ! Clisgear*.—Is e clisgear focal a tha nochdadh gluaisd ghraid na h-inntinn.

*Tha, Gniomhar*.—Is e gniomhar focal a tha nochdadh ciod a theirear mu phearsan agus nithe.

'*N (an)*, Pungar.—Is e pungar focal a chuirear roimh ainmear gu' sheadh a chomharrachadh a mach.

*Cù, Ainmear*.—Is e ainmear focal a tha 'na ainm pear-sa, ainmhidh, aite, ni, no smuain.

*Géur, Buadhar*.—Is e buadhar focal a tha nochdadh buaidh no céum, agus buinidh e do dh-ainmear no riochdar.

*A ghnà, Co-ghniomhar*.—Is e co-ghniomhar focal a bhuineas do ghniomhar do phairtear do bhuadhar, &c.

*Deas, Buadhar*.—Is e buadhar focal a tha nochdadh buaidh, &c.

*Gus, Roimhear*.—Is e roimhear focal a chuirear roimh ainmearan agus riochdaran a nochdadh an t-seasaimh a tha eatorra.

*An, Pungar*.—Is e pungar focal a chuirear roimh, &c.

from a verb, and partakes of the nature of a verb and an adjective.

*Of*, a Preposition.—A preposition is a word placed before nouns and pronouns, &c.

*Him*, a Pronoun.—A pronoun is a word used instead of a noun, to repeat the idea.

What is *parsing*? What is a *grammatical definition*, and a *rule of grammar*? Parse the following sentences as the foregoing one.

Alexander the Great used to say, that “he was more obliged to Aristotle, his tutor, for his learning, than to Philip, his father, for his life.”

Reason tells us, that the acquisition of knowledge, particularly that which respects the works and the ways of the Most High, is the noblest exercise in which the active powers of the mind can be employed, and a source of the most refined enjoyment of which an intellectual being is capable. O let us expatiate wide in the fields of wisdom, and explore the traces of infinite beauty which radiate from them.

*Dleasannas*, Ainmear.—Is e ainmear focal, &ce.

*Sirte*, Pairtear.—Is e pairtear focal a tha iar a thoirt bho gniomhar, &ce.

*Air* (*air e*), Roimhear.—Is e roimhear focal a chuirear, &ce.

*A dheanamh*, Gniomhar.—Is e gniomhar focal a tha nochadh, &ce.

Ciod e pairteachadh ? Ciod e brighard gramarail, agus rialt gramair? Pairtich na ciallairtean a leanas mar tha 'm fear tha roimhe so.

Bu ghnà le Alasdair Mor a radh gu-n robh, “e na's mò 'an comain Aristotuil, 'oide-ionnsuich, airson 'fhoghluim na Philip, 'athar airson a bheatha.”

Tha reusan a teagastg dhuinn gur e buannachadh, eòlais gu h-araid an t-eòlas sin a tha foillseachadh slighean agus oibrichean an Ti a's Airde, gniomh a's òirdheirce anns an urrainnear comasan beòthail na h-inntinn a chleachdadh, agus tobar o'm beil an toil-inntinn a's ailte air an ruig bith tuigseach, a sruthadh. O leudaicheamaid gu farsuinn air raontan an eòlais, agus rannsuicheamaid na céuman de mhaise neo-chriochnach a tha dealradh uatha.

The river Nile, in Egypt, overflows its banks, and inundates the country annually; this phenomenon led the Egyptians first to the discovery of geometry; their land-marks being totally defaced, when the waters subsided, they had recourse to land measuring, every one for his former extent of territory.

Tha 'n abhainn Nilus, 'san Eiphit, ag at suas thairis air a bruachan agus a taomadh a mach gach bliadhna air an duthaich. Thug an t-ióngantas so na h-Eiphitich air tus gu cé-thomhas fhaotainn a' mach, air do 'n criochan fearainn a bhith gu léir iar an dubh-adh as, 'nuair a thraogh na h-uisgeachan, b'eiginn doibh an tir ath-thomhas, gach aon airson an tomhas-fear, ainn a bha roimh aige.

" Cease every joy to glimmer on my mind,  
But leave, O leave, the light of hope behind."

" My honour is my life ; both grow in one,  
Take honour from me, and my life is done."

Again, *rist*,—

" Sguireadh gach aoibhneas 'bhoillsgeadh air m'inntinn,  
Ach fanadh, O fanadh, solus dochais innt'."

" 'Si m'onoir mo bheatha, mar aon a fàs ;  
Thoir onoir uaim 'us cha bheò dhomh ach bàs."

#### INFLECTION OR DECLENSION OF WORDS.

Declension is that change which words undergo to express their various relations.

Thus, *s* in books, *er* in milder, *se* in whose and *ed* in walked, are the inflections of *book*, *mild*, *who*, and *walk*.

Both the beginning and termination of Gaelic words,

#### TEARNADH NO CLAONADH FHOCALAN.

Is e Téarnadh an t-atharrachadh a nithear air focail gu 'n iomad seasamh a nochdadhbh.

Mar so is e *an ri rolan*, *e ri ciùine*, *is ri leis*, agus *te ri imichte*, na tearnaidhean aig *rol*, *ciùin*, *le*, agus *imich*.

Gabhaidh araon toiseach agus deireadh fhocal

and only the termination of English words, admit of inflection.

The parts of speech which suffer inflection are, the Article (in Gaelic only), the Noun, the Adjective, the Pronoun, and the Verb.

#### INFLECTIONS OF ENGLISH WORDS.

*The Noun.*—A Noun is the name of any object; as, *boy, school.*

A Noun is varied by Number, Gender, and Case.

*Number.*—Number is *one*, or more than *one*.

There are two Numbers, the *Singular* and the *Plural*.

The *Singular* expresses only one ; as, *boy, pen.*

The *Plural* expresses any number more than one ; as, *boys, pens.*

The Plural number is generally formed by adding *s* to the Singular ; as, book, books, pen, pens.

1. Nouns ending in *o, x, ch* soft, *sh, ss*, take *es* to form their plural ; as,

hero,\* heroes, fox, foxes, church, churches, brush, brushes, class, classes.

Ghaelig, ach cha ghabh ach deireadh fhocal Bheurla teàrnadh.

Is iad na pairtean cainnt a dh-fhuiligeas an teàrnadh am Pungar ('sa Ghaelig a-mhain), an t-Ainmear, am Buadhar, an Riochdar, agus an Gniomhar.

#### TEARNADH FHOCALAN BEURLA.

*An t-Ainmear.*—Is e Ainmear ainm cuspair air bith ; mar, *balachan, scoil.*

Tearnar no muthar ainmear le *Aireimh, Gin, agus Car.*

*Aireamh.*—Tha Aireamh ag ciallachadh *aoin*, no na's mò na *h-aon.*

Tha dà Aireamh ann eadhon *Aonar* agus *Iomadh.*

Tha *Aonar* a nochdadhbh aoin a-mhain mar, *balachan, peann.*

Tha *Iomadh* a nochdadhbh aireimh air bith a's mo na h-aon ; mar, *balachanan, peanntan.*

Tha 'n aireamh *Iomadh* deanta gu cumanta le s a chur ris an *Aonar.*<sup>n</sup>

1. Tha ainmearan a dunadh le *o, x, ch* bog, a gabhail *es* a dheanamh an iomadh ; mar,

\* Here the Rule being for English only, a Gaelic version of the examples is omitted, because it would be apt to perplex the learner too much at this stage.

2. Nouns in *io*, and *ch* hard, take *s* only ; as, folio, folios, monarch, monarchs.

The following in *o* make their plural now in *s*, viz. canto, grotto, junto, portico, quarto, solo, tyro ; as, cantos, &c.

3. Several nouns in *f* or *fe*, change *f* or *fe* into *ves* in the plural; as, half, halves, life, lives.

4. Many nouns in *f* follow the general rule ; as,

brief, chief, fief, grief, handkerchief ; hoof, proof, reproof, roof ; dwarf, scarf, wharf ; gulf, turf ; cliff, sheriff, skiff, whiff ; cuff, muff, puff, ruff, snuff, stuff ; fife, strife, safe.

5. Nouns in *y*, with a consonant before it, change the *y* into *ies* in the plural, as city, cities.

But *y* preceded by a vowel is not changed into *ies*, as boy, boys.

*Except* money, chimney, valley, attorney, journey, which take *s* or *ies*.

6. Some nouns form their plural not according to rule ; as,

| <i>Sing.</i>        | <i>Plur.</i>            | <i>Aonar.</i> |
|---------------------|-------------------------|---------------|
| Alderman, aldermen, | <i>fear-riagh-laidh</i> |               |
| Cow, kine           | <i>bò*</i>              |               |
| Child, children,    | <i>leanabh</i>          |               |
| Footman, footmen,   | <i>gille-coise</i>      |               |
| Foot, feet,         | <i>cas</i>              |               |
| Goose, geese,       | <i>geadh</i>            |               |

7. Some nouns form their plural in two different ways, to express a different meaning, thus—

## FOCLACHADH.

2. Gabhaidh ainmearan 'an *io* agus *ch* cruidh, *s* a-mhain ; mar,—

Tha chuid a leanas 'an *o* a deanamh an iomadh le *s*, a-nis eadhon,—

3. Tha iomad ainmear le *f* no *fe* a tionndadh *f* no *fe* gu *ves* 'san iomadh ; mar,—

4. Tha moran ainmearan an *f* a leantuinn na rialte cum anta ; mar,

5. Tha ainmearan 'am *y* le cònnraig a dol roimpe a tionndadh na *y* gu *ies* 'san iomadh ; mar, body, bodies.

Ach cha thionndaidhear *y* le fuaimraig a dol roimpe gu *ies* ; mar, day, days.

*Ob.* Money, chimney, valley, attorney, agus journey, a ghabhas *s*, no *ies*.

6. Tha cuid a dh'ainmearan a deanamh an iomadh gu mìrialtach.

| <i>Sing.</i> | <i>Plur.</i> | <i>Aon.</i>    |
|--------------|--------------|----------------|
| Louse,       | lice,        | <i>miol</i>    |
| Man,         | men,         | <i>duine</i>   |
| Ox,          | oxen,        | <i>damh</i>    |
| Tooth,       | teeth,       | <i>fiacail</i> |
| Sow,         | swine,       | <i>muc</i>     |
| Woman,       | women,       | <i>bean</i>    |

7. Tha cuid a dh'ainmearan a deanamh an iomadh air dà dhoigh air leth, a nochdadh caochla seadh ; mar so—

\* The corresponding Gaelic Nouns are given in the singular, to be put into the plural, according to the rules laid down for the formation of the plural of Gaelic Nouns ; for *bo*, see List p. 74.; also Rules 5, 21, 22, 23.

| <i>Sing.</i>                     | <i>Aon.</i> | <i>Plur.</i>                                            |
|----------------------------------|-------------|---------------------------------------------------------|
| Brother, <i>brathair</i> ,       |             | makes brothers, when denoting sons of the same parents. |
| Brother, <i>brathair</i> ,       | "           | brethren, when persons of the same society.             |
| Die, <i>disne</i> ,              | "           | dice, when denoting a little cube used in gaming.       |
| Die, <i>stamp-cuinnidh</i> ,     | "           | dies, when denoting a stamp for coining.                |
| Genius, <i>neach ealamh</i> ,    | "           | geniuses, when signifying persons of cleverness.        |
| Genius, <i>spiorad</i> ,         | "           | genii, when denoting aerial spirits.                    |
| Index, <i>clar-innsidh</i>       | "           | indexes, when expressing the contents of a book.        |
| Index, <i>samhla-cunntaidh</i> , | "           | indices, when denoting an algebraic quantity.           |
| Penny } <i>sgillinn</i> ,        | " }         | pennies, when signifying a real coin.                   |
| Pea, <i>graine peasrach</i> ,    | " }         | pence, when signifying their value in computation.      |
|                                  |             | peas or pease.                                          |

8. Some nouns are alike in both numbers; as,

Flesh, *feoil*

Gold, *or*\*

Rye, *seogal*

Gravity, *cudthrom*

Swine, *muc*

Wheat, *cruineachd*

Deer, *fiadh*

Benevolence, *deadh-ghean*

9. Some nouns want the singular form altogether; as,

Alms, *deirce*

Annals, *eachdruidhean*

Archives, *aite cumail sgriobh-aidh*

Billiards, *bord-cluich*

Economics, *grunndalas*

Ethics, *modhannan*

Hydraulics, *uisg-phiobachadh*

8. Tha cuid a dh'ainmeanan co-ionann 'san dà aireimh; mar, Hydrostatics, *uisg-thomhas* Hysterics, *tinneas-cuim*

Hose, *osan*

Iron, *iarunn*

Tea, *tì*

Coffee, *coffi*

Sheep, *caora*

Marl, *marla*

Sugar, *siucar*

Brass, *umha*

9. Tha cuid a dh'ainmeanan a dh'easbhuidh an aonar gu leir, Lungs, *sgamhan* Mathematics, *tomhas-iul, sgoilearachd*

Means, *coghnadh*

Measles, *griùthrach*

Mechanics, *ceardachd*

\* Nouns of this class take a plural to express *varieties* of the substances denoted by them; thus we can say, *golds*, *ryes*, when we wish to describe different kinds of *gold*, &c.

|                                   |
|-----------------------------------|
| Metaphysics, <i>eòlas-inntinn</i> |
| News, <i>naigheachd</i>           |
| Oats, <i>coirc</i>                |
| Odds, <i>corr</i>                 |
| Optics, <i>eolas-leirsinn</i>     |
| Pains, <i>saothair</i>            |
| Physics, <i>eolas-naduir</i>      |
| Pneumatics, <i>ail'-eolas</i>     |

There are several Greek, Hebrew, Latin, French, and Italian words, introduced into the English language, and these retain their original spelling in both numbers.

10. The terminations *is* or *x* make *es*; and *on* or *um* makes *a*; and *us* makes *iu* or *i*; and *a* makes *ae*; in the plural of the following foreign words.

## FROM THE GREEK.

|               |               |
|---------------|---------------|
| Antithesis    | antitheses    |
| Automaton     | automata      |
| Basis         | bases         |
| Crisis        | crises        |
| Criterion     | criteria      |
| Ellipsis      | ellipses      |
| Hypothesis    | hypotheses    |
| Metamorphosis | metamorphoses |
| Phenomenon    | phenomena     |
| Thesis        | theses        |

## FROM THE LATIN.

|             |            |
|-------------|------------|
| Addendum    | addenda    |
| Animalculum | animalcula |
| Apex        | apices     |
| Appendix    | appendices |
| Arcanum     | arcana     |
| Axis        | axes       |
| Calx        | calces     |
| Datum       | data       |

## FOCLACHADH.

|                                    |
|------------------------------------|
| Politics, <i>iulan riaghlaidh</i>  |
| Riches, <i>beartas</i>             |
| Scissors, <i>siosar</i>            |
| Snuffers, <i>smaladair</i>         |
| Statistics, <i>staid-radh</i>      |
| Summons, <i>gairm, sumanadh</i>    |
| Tactics, <i>eòlas cogaidh</i>      |
| Vespers, <i>urnuigh-fheasgair.</i> |

Tha Moran fhocail Ghréugach, Eabhrach, Laidinn, Fhrangach, agus Eadaltach, air an toirt a stigh do'n chainnt Bheurla, agus tha iad sin a cumail am priomh chubaidh 'san dà aireimh.

10. Tha na h-icean *is* no *x* a deanamh *es*; agus *on* no *um* a deanamh *a*; agus *us* a deanamh *ui* no *i*; agus *a* 'deanamh *ae*; ann an iomadh nam focal coimheach a leanas.

## BHO 'N GHREUGAIS.

|                                 |
|---------------------------------|
| trasd-chainnt, <i>trasdachd</i> |
| beart-fein-ghluasad             |
| stéigh                          |
| cruadhas                        |
| dearbhadh                       |
| bearn                           |
| barail                          |
| cruth-atharachadh               |
| sealladh, rongantas             |
| argumaid                        |

## BHO 'N LAIDINN.

|               |
|---------------|
| meudachadh    |
| meanbh-bhith  |
| binnean       |
| leasachadh    |
| diomhaireachd |
| aisiol        |
| cailc, aol    |
| comas*        |

\* Firinn Shuidhichte.

Note.—Some of the nouns in class 9th, though of a plural form, admit of being used in either *number*, according to the view of their meaning present to the mind of the speaker, or writer, when he applies them.

|              |             |                    |
|--------------|-------------|--------------------|
| Desideratum  | desiderata  | easbhuidh          |
| Dictum       | dicta       | radh               |
| Effluvium    | effuvia     | faile, boladh      |
| Erratum      | errata      | mearachd           |
| Focus        | foci        | spod-coinnimh      |
| Genus        | genera      | seòrsa, gnè        |
| Ignis fatuus | ignes fatui | teine sionnachain* |
| Lamina       | laminae     | leachd thana       |
| Larva        | larvae      | bocan, tasg        |
| Magus        | magi        | druidh             |
| Medium       | media       | meadhon            |
| Memorandum   | memoranda   | stoc cuimhne       |
| Miasma       | miasmata    | toth grod          |
| Nebula       | nebulae     | ceo, neul          |
| Oasis        | oases       | àilean             |
| Radius       | radii       | roth, spog         |
| Radix        | radices     | bun                |
| Stamen       | stamina     | brìgh, stuth       |
| Stimulus     | stimuli     | sporadh            |
| Stratum      | strata      | breath             |
| Vertex       | vertices    | mallach            |
| Vortex       | vortices    | cuairet-shlugan    |

## FROM THE HEBREW.

## BHO 'N EABHRA.

|        |          |             |
|--------|----------|-------------|
| Cherub | cherubim | aingeal     |
| Seraph | seraphim | ard-aingeal |

## FROM THE FRENCH.

## BHO 'N FHRAINGIS.

|                  |                   |            |
|------------------|-------------------|------------|
| Beau (pr. bo)    | beaux (pr. bo-s)  | spalpearra |
| Belle (pr. bell) | belles (pr. bell) | stéudag    |
| Depôt (pr. depo) | depôts            | tigh-stor  |

## FROM THE ITALIAN.

## BHO 'N EADAILTEACH.

|               |               |                  |
|---------------|---------------|------------------|
| Bandit        | banditti      | robair           |
| Banditto }    |               |                  |
| Cognoscente   | cognoscenti   | fear-eòlach      |
| Conversazione | conversazioni | cuideachd        |
| Dilettante    | dilettanti    | fear-eòlais      |
| Virtuoso      | virtuosi      | fear-ionnsuichte |

## GENDER.

## GIN.

There are three Genders in English, the *Masculine*, the *Feminine*, and the *Neuter*.

Tha tri Ginean 'sa Bheurla, am Fearanta, am Boireanta, agus an Neòtair.

\* Spiorad-lodan.

There are only two Genders in Gaelic, the *Masculine* and *Feminine*.\*

The *masculine* denotes the male sex, or the hee ones; as, *man, bull*.

The *feminine* denotes the female sex, or shee ones; as, *woman, cow*.

The *neuter* denotes any object without animal life, or the itt ones, as *stone, pot*.

As there are only two sexes, there ought to be but two genders, the *Masculine* and the *Feminine*. But it has been found convenient to add a third, the *Neuter*, in English. This word signifies *neither*, and therefore intimates that the objects to which it is applied are neither of the masculine nor of the feminine gender.

The English is almost the only language which, in the distribution of gender, follows the order of nature.

A noun, which is applicable to both sexes, is said to be of the *common gender*, as *parent, grandchild*.

Highlanders, who possess but scanty knowledge of English, often apply *he* and *she* to objects destitute of sex. We hear some say, "That is a bad pipe, *she* does not draw well," instead of *it* does not draw well. "Keep from the fire, for *he* is very hot," instead of *it* is, &c. This misapplication arises from the Gaelic (their native language) having but the masculine and feminine gender, and want of acquaintance with the neuter in English.

There are three modes of distinguishing sex in English; 1, by different words; 2, by a change of termination; and, 3, by prefixing or affixing a separate word to indicate the *gender*.

\* So in French and Italian; as, Fr. *vent*, m. wind, *gaoth*, pierre, f. a stone, *clach*.

Chan 'eil ach a mhain da ghin 'sa Ghaelig, am *Fearanta* agus am *Boireanta*.\*

Tha 'm *fearanta* a ciall-achadh a ghineil fhirionn, no eh; mar, *duine, tarbh*.

Tha 'm *boireanta* a ciall-achadh a ghineil bhoirionn, no ise ; mar, *bean, bò*.

Tha 'n *neòtar* a ciall-achadh cuspair sam bith gun bheath ainmhidh; mar, *table, tree*.

Theirear gu 'm beil ainmear a ta freagarrach do 'n dà ghineal de 'n *ghin chumanta*; mar, *parant, ogha*.

Tha tri doighean eadar-dhealaichaidh ghineil 'sa Bheurla; 1, le caochla focail; 2, le muth deiridhean; and, 3, le roimh-iceadh, no ri-iceadh focail air leth a nochdadh a' *ghin*.

\* Mar sin 'san *Fhraingis* agus 'san *Eadailteach*. Ita. *fuóco*, m. fire, *teine*, *camera*, f. a room, *seomar*.

There are also three modes of distinguishing sex in Gaelic; 1, by different words; 2, by prefixing the term *ban\** or *bain*, she, or *fear*, he; 3, by affixing *firionn*, male, or *boirionn*, female.

## 1. DIFFERENT WORDS.

| <i>Male.</i> | <i>Female.</i> |
|--------------|----------------|
| Bachelor     | maid, spinster |
| Beau         | belle          |
| Boar         | sow            |
| Boy          | girl           |
| Bridegroom   | bride          |
| Brother      | sister         |
| Buck         | doe            |
| Bull         | cow            |
| Bullock      | heifer (hefer) |
| Cock         | hen            |
| Colt         | filly          |
| Dog          | bitch          |
| Drake        | duck           |
| Earl         | countess       |
| Father       | mother         |
| Gaffer       | gammer         |
| Gander       | goose          |
| Hart         | roe            |
| Horse        | mare           |
| Husband      | wife           |
| King         | queen          |
| Lord         | lady           |
| Man          | woman          |
| Milter       | spawner        |
| Monk         | nun            |
| Nephew       | niece          |
| Ram          | ewe            |
| Sir          | madam          |
| Sloven       | slut           |
| Son          | daughter       |

Tha mar an céudna tri doigh-ean éadar-dhealachaидh ghineil 'sa Ghaeilge; 1, le caochla focail; 2, le roimh-iceadh na lide *ban* no *bain*, no *fear*; 3, le ri-iceadh *firionn*, male, or *boirionn*, female.

## 1. CAOCHLA FOCAIL.

| <i>Firionn.</i>            | <i>Boirionn.</i>                    |
|----------------------------|-------------------------------------|
| Gille                      | oigh                                |
| Stéudair                   | ribhinn                             |
| Cullach, torc              | muc                                 |
| Balachan                   | caileag                             |
| Fear-bainnse               | bean-bainnse                        |
| Brathair                   | piuthair                            |
| Boc                        | earb                                |
| Tarbh                      | bò                                  |
| Damh                       | atarla, agh                         |
| Coileach                   | cearc                               |
| Bioraiche                  | loth                                |
| Cù                         | galla                               |
| Dràc                       | tunnag                              |
| Iarla                      | ban-iarla                           |
| Athair                     | mathair                             |
| Sean duine                 | sean bhean                          |
| Ganra                      | geadh                               |
| Boc-earba                  | earb                                |
| Each                       | lar, capull                         |
| Céile                      | bean, bana-chéile                   |
| Righ                       | ban-righ                            |
| Tighearn                   | bain-tighern                        |
| Duine                      | bean, boirionnach                   |
| Iasg firionn               | iasg boirionn                       |
| Manach                     | { bana-mhannach,<br>cailleach-dhubh |
| Mac brathar,<br>no peathar | nighean brathar,<br>no peathar      |
| Reithe                     | caora                               |
| Sir                        | bain-tighearn                       |
| Slaodair                   | { bréunag,<br>botrumaid             |
| Mac                        | nighean                             |

\* *ban*, or *bain*, or *bana*, used as a sexual prefix, suffers no final change in any case.

| <i>Male.</i> | <i>Female.</i> | <i>Firionn.</i> | <i>Boirionn.</i>  |
|--------------|----------------|-----------------|-------------------|
| Stag         | hind           | Damh féidh      | éilid             |
| Uncle        | aunt           | Brathair athar, | piuthar athar, no |
| Widower      | widow          | no mathar       | mathar            |
| Wizard       | witch          | Aonaranach      | bantrach*         |
|              |                | Buidseach       | ban-bhuidseach    |

## 2. CHANGE OF TERMINATION.

|               |                | 2. MUTH DEIRIDHEAN.        |
|---------------|----------------|----------------------------|
| Abbot         | abbess         | Aba                        |
| Actor         | actress        | Cleasaiche                 |
| Adulterer     | adultress      | Adhaltraùnach              |
| Ambassador    | ambassadress   | Teachdaire                 |
| Administrator | administratrix | Riaghladair                |
| Arbiter       | arbitress      | Breitheamh                 |
| Author        | authoress      | Ughdair                    |
| Baron         | baroness       | Baran, ridir               |
| Benefactor    | benefactress   | Caraid                     |
| Chanter       | chantress      | Oranaiche                  |
| Conductor     | conductress    | Fear-stiùraidh             |
| Count         | countess       | Iarla                      |
| Czar          | czarina        | An t-iompair<br>Ruisianach |
| Dauphin       | dauphiness     | Mac righ na<br>Frainge     |
| Deacon        | deaconess      | Diacon, eilder             |
| Director }    | directress     | Stiùradair                 |
| Duke          | duchess        | Diùchd                     |
| Elector       | electress      | Taghadair                  |
| Emperor       | empress        | Iompair                    |
| Executor      | executrix      | Cileadair                  |
| Fornicator    | fornicatrix    | Striopadair                |
| Giant         | giantess       | Famhair                    |
| Governor      | governess      | Riaghladair                |
| Heir          | heiress        | Oighre                     |
| Hero          | heroine        | Gaisgeach                  |
| Host          | hostess        | Osdair                     |
| Hunter        | huntress       | Sealgair                   |
| Heritor       | heritrix       | Uachdaran                  |
| Infante       | infanta        | Prionnsa<br>Spainneah      |

\* Contracted for *bun-treabhaiche*; a wife left to plough her own land after the death of her husband.

| <i>Male.</i> | <i>Female.</i> | <i>Firionn.</i> | <i>Boirionn.</i>        |
|--------------|----------------|-----------------|-------------------------|
| Jew          | Jewess         | Iudhach         | ban-Judach              |
| Idolater     | idolatress     | Ioladair        | ban-ioladair            |
| Lad          | lass           | Oganach         | gruagach                |
| Lion         | lioness        | Leomhan         | leomhan boirionn        |
| Landgrave    | landgravine    | Ard-mhaor       | ban-ard-mhaor           |
| Margrave*    | margravine     | Criochair       | ban-chriochair          |
| Mayor        | mayoress       | Ard-mhaor       | ban-ard-mhaor           |
| Marquis      | marchioness    | Marcus          | ban-mharcus             |
| Master       | mistress       | Maighstear      | ban-mhaighstear         |
| Patron       | patroness      | Fear-dion       | bean-dion               |
| Peer         | peeress        | Morair          | bana-mhorair            |
| Poet         | poetess        | Bàrd            | bana-bhàrd              |
| Priest       | priestess      | Sagart          | ban-sagart              |
| Prince       | princess       | Prionnsa        | bana-phrionnsa          |
| Prior        | prioress       | Ard-mhanach     | { ard-bhana-<br>mhanach |
| Prophet      | prophetess     | Faidh           | ban-shaiddh             |
| Protector    | protectress    | Dionadair       | ban-dionadair           |
| Shepherd     | sherpherdess   | Ciobair         | bana-chiobair           |
| Seamster     | seamstress     | Taillear        | ban-alaiche             |
| Songster     | songstress     | Oranaiche       | ban-oranaiche           |
| Sorcerer     | sorceress      | Fiosaiche       | ban-fhiosaiche          |
| Sultan       | sultana        | An Turcach      | a bhan-Turcach          |
| Testator     | testatrix      | Tiomnadair      | ban-tiomnadair          |
| Tiger        | tigress        | Tiogair         | tiogair-boirionn        |
| Traitor      | traitress      | Traoightear     | ban-traoightear         |
| Viscount     | viscountess    | Biocas, morair  | ban-bhiocas, &cé.       |

### 3. PREFIXING OR AFFIXING A SEPARATE WORD.

|              |              |
|--------------|--------------|
| Cock-sparrow | hen-sparrow  |
| He-goat      | she-goat     |
| Male-child   | female-child |
| Man-servant  | maid-servant |
| Milk-man     | milk-woman   |
| Moor-cock    | moor-hen     |
| Pea-cock     | pea-hen      |
| Turkey-cock  | turkey-hen   |

### 3. ROIMH-ICEADH AGUS RI- ICEADH FOCAIL AIR LETH.

|                  |                        |
|------------------|------------------------|
| Coileach-geal-   | cearc-ghealbh-         |
| bhonn, coil-     | onn, ceare-            |
| each-spoiris     | spoiris                |
| Boc-goibhre      | gobhar                 |
| Leanabh-gille    | { leanabh-nigh-<br>inn |
| Oglach           | ban-oglach             |
| Arach            | ban-àrach              |
| Coileach-fraoich | cearc-fhraoich         |
| Péubh-choileach  | péubh-chearc           |
| Coileach-frang-  | cearc-fhrang-          |
| ach              | ach                    |

\* This is a German title of sovereignty, and signifies literally a march or border keeper; hence *criochair* in Gaelic.

*Obs. 1.*—In English, things remarkable for power, greatness, or sublimity, are spoken of as masculine; as,

*the sun, time, death, sleep, fear, anger, winter, war.*

*Obs. 2.*—Things beautiful, amiable, or prolific, are spoken of as feminine; as,

*the moon, earth, nature, fortune, knowledge, hope, spring, peace.*

*Obs. 3.*—Creatures whose sex is unknown, or unnecessary to be regarded, are generally spoken of as neuter; thus, “He fired at the deer, and wounded it.” “If a man shall steal an ox, or a sheep, and kill it, or sell it.”—*Ex. xxii. 1.*

#### GENDER OF GAELIC NOUNS.

1. Nouns denoting male animals are always masculine; as, *duine, each.*

2. Nouns denoting female animals are always feminine; as, *bean, bo.*

As there are only two sexes, the male and the female, it has been already said that there ought to be only two genders. This is the case in Gaelic, for it personifies every object, whether animate or inanimate; thus, *tigh*, house, and *uisge*, water, are masculine; *cas*, foot, and *clach*, stone, are feminine.

In a grammatical sense, the words *boirionnach*, or *bainionnach*, *a female*, *mart*, *a cow*, *capull*, *a mare*, are masculine; and *sgalag*, *a farm-servant*, is feminine;\* *cailin*, *a damsel*, is sometimes used as a *mas.* noun.

#### FOCLACHADH.

*Seall. 1.*—’Sa Bheurla, tha nithe comharrachte, airson neirt, morachd, no airde, ainmichte, mar gu’m bitheadh iad firionn; mar,

*Seall. 2.*—Tha nithe maiseach, taitneach, agus siolmhor, ainmichte mar gu’m bitheadh iad boirionn; mar,

#### GIN AINMEARAN GAELIG.

1. Tha ainmearan a ciallachadh beo-chreutair-ean firionn, a ghnà fearanta; mar, *duine, each.*

2. Tha ainmearan a ciallachadh beo-chreutair-ean boirionn, a ghnà boireanta; mar, *bean, bo.*

A chionn nach ’eil ann ach a mhain dà ghineal, am firionn agus am boirionn, bha e iar a radh cheana nach bu chòir a bhith ann ach a mhain dà ghin. Tha ’chuis mar so ’sa Ghaelig, oir pearsaichidh i gach cuspair co aca tha e beò, no neo-bheò; mar sin tha, *tigh agus uisge*, fearanta; *cas agus clach*, boireanta.

\* Here nature and grammar are diametrically opposed.

*Rules for distinguishing the Gender of Gaelic Words by their Terminations.*

3. Nouns ending in a broad vowel, and nouns, whose final vowel is broad, and diminutives in *an*, are generally masculine ; as

*ceò, mist, cath, a battle, bròn, sorrow, sùrd, alacrity, clagan, a little bell.*

4. Derivatives in *ach, iche, as, ear*, or *air*, are for the most part masculine ; as,

*marcach, a rider, sgeulaiche, a tale-teller, ceartas, justice, sgoilear, a scholar, piobair, a piper.*

5. Nouns whose last vowel is *i*, derivatives in *achd*, and diminutives in *ag*, are mostly feminine ; as,

*muir, sea, rioghachd, a kingdom, sguabag, a little sheaf.*

*Gender of Gaelic Nouns from their signification.*

6. The names of the elements, of the seasons of the year, days of the week, metals, colours, grain, vegetables, liquors, and timber, are, for the most part, masculine ; as  
*teine, fire, earrach, spring, iron, corcur, scarlet, leann, beer, giubhas, fir.*

*Rialtan gu comharrachadh  
Gin fhocalan Gaelig a  
reir an deiridhean.*

3. Tha ainmearan a tha dunadh le fuaimraig leathain, agus ainmearan aig am beil am fuaimrag dheireannach leathan 'us crineanan le *an*, gu cumanta fearanta ; mar,

4. Tha freumhoirean 'an *ach, iche, as, ear*, no *air*, mar a's trice fearanta ; mar,

*marcach, a rider, sgeulaiche, a tale-teller, ceartas, justice, sgoilear, a scholar, piobair, a piper.*

5. Tha ainmearan aig am beil *i*, 'na fuaimrag dheireannach, freumhoirean 'an *achd*, agus crineanan 'an *ag* mar a's trice boireanta ; mar,

*muir, sea, rioghachd, a kingdom, sguabag, a little sheaf.*  
*Gin Ainmearan Gaelig bho 'm brigh.*

6. Tha ainmean nan dùilean, trathan na bliadha, lathachanna seachduin, nam miotailtean, nan dàthan nan gràn, nan lusan, nan deòchan, agus nam fiadh, mar a's trice fearanta ; mar,

*di-luain, Monday, iarunn, wheat, càl, kail,*

7. Names of diseases, countries, and of heavenly bodies, &c. are, for the most part feminine ; as, a' bhuidheach, *the jaundice*, an Olaind, *Holland*, a' ghrian, *the sun*.

*Obs.*—A few nouns are used as masculine by some speakers, and as feminine by others ; as *aireamh*, *leabhar*, *tim*, *tobar*, *salm*, &c.

*Cruinne*, *fasach*, *talamh*, and *tonn*,\* are *masc.* in the nominative, but *fem.* in the genitive, singular ; thus

*Nom.* “An cruinne-cé,” *the globe of the earth*.

“An talamh tioram,” *the dry land*.

“Fasach falamh,” *an empty wilderness*.

“An tonn garbh,” *the raging billow*.

*Gen.* “Gu crich na cruinne,” to the end of the world.

“Aghaidh na talmhainn,” the face of the earth.

“Féidh na fasaich,” the forest-deer.

“Cobhar na tuinne,” the foam on the shore.

#### CASE.

There are three Cases in English, the *Nominative*, the *Possessive*, and the *Objective*.

A noun or pronoun is in the nominative case when it is the name of the person or thing which acts, or is spoken of.

A noun or pronoun is in the possessive case when it expresses ownership or possession ; as, *Peter's pen*, *his gun*.

A noun or pronoun is in the objective case when it is the name of the person or thing which is the ob-

#### FOCLACHADH.

7. Tha ainmean ghalar-an, dhuchan, agus chorpan speurail mar a's trice boireanta ; mar,

a' bhuidheach, *the jaundice*,

an Olaind, *Holland*, a'

ghrian, *the sun*.

#### CAR.

Tha tri cárán'sa Bheurla, an t-Ainmeach, an Ginteach, agus an Cusparach.

Tha ainmear no riochdar 'anns a char ainmeach 'nuair is e ainm pearsa, no ni a ta spreigeadh, no ainmichte.

Tha ainmear, no riochdar 'sa char Ghinteach 'nuair a tha e nochdadh séilbh no coir ; mar, peann Pheadair, ð għunna.

Tha ainmear no riochdar 'sa char chusparach 'nuair is e ainm a pearsa no 'ni a tha 'na chuspair a

\* The Gender of all Gaelic Nouns denoting inanimate objects is established by custom, and, once fixed, it should certainly remain unchanged in every case.

ject suffering from an action or movement.

fulang fo ghniomh, no fo ghluaasad.

Thus in the sentence, "Peter struck John's dog, but he did not hurt him." Peter or he, as the agent or doer, is in the nominative case; John's, as expressing the relation of ownership, is in the possessive; and *dog* or *him*, being the name of the object, is in the objective.

The *Nominative* and *Objective* cases of nouns are alike.

The *Possessive* of a noun singular is formed by adding *s* with an apostrophe before it ('s) to the nominative; thus, *father, father's*.

The *Possessive* of a noun plural ending in *s* is formed by adding an apostrophe (') only; as, *father, fathers'*.

An English noun is thus declined :—

| <i>Sing.</i>        | <i>Plur.</i> | <i>Sing.</i>       | <i>Plur.</i> | <i>Sing.</i>        | <i>Plur.</i> |
|---------------------|--------------|--------------------|--------------|---------------------|--------------|
| <i>Nom.</i> Girl    | Girls        | <i>Nom.</i> Man    | Men          | <i>Nom.</i> John*   | —            |
| <i>Poss.</i> Girl's | Girls'       | <i>Poss.</i> Man's | Men's        | <i>Poss.</i> John's | —            |
| <i>Obj.</i> Girl    | Girls        | <i>Obj.</i> Man    | Men          | <i>Obj.</i> John    | —            |

\* Proper names want the plural, except when they are used to describe more than one individual of a family or clan; as, the *Howards*, the *Stewarts*, the *Fasers*, the *Macdonalds*.

Tha caran *Ainmeach* agus *Cusparach* ainmearan, co-ionann.

Tha *Ginteach* ainmeir aonar deanta le s 'us ascair ('s) roimpe a chur ris an ainmeach; mar, *pen, pen's*.

Tha *Ginteach* ainmeir 'san aireimh iomadh a dùnadh le s deanta a-mhain le ascair (') a chur ris an aonar; mar, *pen, pens*'.

Tha ainmear Beurla iar a thearnadh mar so :—

\* Cuirear ainmearan ceart 'san aireimh iomadh 'nuair a ghnathaicheadh iad a dh'ainmeachadh na's mò na h-aon neach a' teaghlaich no cinneadh; mar, na *Hobhardaich*, na *Stiùardich*, † na *Friseilich*, na *Donnullich*.†

† Here the rule "*broad to broad*" is disregarded, otherwise we should write, *Stiùardach*, *Donullaich*.

## COLLECTIVE NOUNS.

A *Collective Noun* is one which signifies many in the singular; as *people*, *multitude*, *crowd*.

## CASE IN GAELIC.

There are four Cases in the Gaelic, the *Nominative*, the *Genitive*, the *Dative*, and the *Vocative*.

The Article in Gaelic is thus declined,—

AN, the.

Sing. Aon.

Mas. Fear. Fem. Boir.

Nom. An, am, an, a', the

Gen. An, a',\* na, of the

Dat. An, a', an, a', to or for the

Plur. Iom.

Mas. &amp; Fem. Fear. &amp; Boir.

Ain. na, the

Gin. nan, nam, of the

Doir. na, to the

*Am* and *nam* are used before labials, as,—

*Am* bord, the table, *nam* bord, of the tables.

## FORMATION OF CASES.

## General Rules.

1. The nominative and dative singular of nouns masculine are alike.

2. The genitive and dative singular of nouns feminine are alike.

3. The genitive and vocative singular of nouns masculine are alike.

4. The nominative and vocative singular of nouns feminine are alike.

## DEANAMH NO CUMADH CHARAN.

## Rialtan Cumanta.

1. Tha ainmeach agus doirteach aonar ainmearan fearanta co-ionan.

2. Tha ginteach agus doirteach aonar ainmearan boireanta co-ionann.

3. Tha ginteach agus gairmeachaonar ainmearan fearanta co-ionann.

4. Tha ainmeach agus gairmeach aonar ainmearan fearanta co-ionann.

## FOCLACHADH.

## AINMEARAN LODACH.

Is e Ainmear Lòdach aon a ta ciallachadh iomadh 'san aonar; mar, sluagh, moran, lòd.

## CAR 'SA GHAELIG.

Tha ceithir Charan 'sa Ghælig, an t-Ainmeach, an Ginteach, an Doirteach, agus an Gairmeach.

Tha 'm Pungar Gaelig iar a theàrnadh mar so,—

\* See elision of the *Gaelic Article*.

*Plural.*

5. The nominative plural is often like the genitive singular, or it is formed by adding *a*, *an*, or *ean*, to the nominative singular.

6. The genitive plural is either like the nominative singular, or nominative plural.

7. The dative plural is either like the nominative plural, or it ends in *ibh* or *aibh*.

8. The vocative plural is often the nominative plural aspirated, ending in *a* or *an*.

The termination *ibh*, something like *ibus* of the Latin declension, is not much used in the spoken Gaelic.

## DECLENSION.

There are three Declensions in Gaelic, the *First*, the *Second*, and the *Third*.

The Declension of Gaelic nouns and adjectives is chiefly carried on by aspirating an initial consonant, inserting the letter *i*, or changing a final diphthong in the nominative singular.

## FIRST DECLENSION.

Nouns beginning with a consonant, and their last vowel broad, are of the first declension.

*Iomadh.*

5. Tha 'n t-ainmeach iomadh gu tric mar an ginteach aonar, no iar a chumadh le *a*, *an*, no *ean*, a chur ris an ainmeach aonar.

6. Tha 'n ginteach iomadh an dara cuid ionann ris an ainmeach aonar, no ris an ainmeach iomadh.

7. Tha 'n doirteach iomadh an dara cuid ionann ris an ainmeach iomadh, no dunadh le *ibh* no *aibh*.

8. Tha 'n gairmeach iomadh gu tric mar an t-ainmeach iomadh séidichte agus a dunadh le *a* no *an*.

## TEARNADH.

Tha tri Teàrnaidhean 'sa Ghælig, *A Chéud*, an *Dara*, agus an *Treas*.

Tha teàrnadh ainmean agus bhuadharan Gaelig ach beag, iar a dheanamh le séideadh cònnraig thoisich, le cur a stigh na litir *i*, no atharrachadh dà-ghuth deireannach anns an ainmeach aonar.

## A CHEUD TEARNADH.

Tha ainmean a toiseachadh le cònnraig agus am fuaimrag dheireannach leathan de'n cheud teàrnadh.

A noun of the first declension forms its genitive singular by inserting *i* after the last vowel in the nominative, as

bàrd, bàird.

*Rule 9.* A definite noun\* masculine aspirates the genitive and dative singular.

A definite noun feminine aspirates the nominative and dative singular.

*Obs. 1.*—A noun whose initial consonant is not aspirated is in its *plain form*.

*Obs. 2.*—A definite noun beginning with *d*, *l*, *n*, *r*, *s*, or *t*, aspirates no case.

\* A noun with the article before it is *definite*, and a noun without the article before it is *indefinite*.

#### EXAMPLES.

##### 1. BARD. *fear*, a poet.

Neo-chinnteach, *Indefinite.*

| <i>Aon.</i>           | Sing.              |
|-----------------------|--------------------|
| <i>Nom.</i> bàrd,     | <i>a poet</i> ,    |
| <i>Gen.</i> bàird,    | <i>of a poet</i> . |
| <i>Dat.</i> bàrd,     | <i>to a poet</i> . |
| <i>Voc.</i> a bhàird, | <i>O poet</i> .    |

AM BARD, *the poet*.

Cinnteach, *Definite.*

| <i>Aon.</i>             | Sing.                |
|-------------------------|----------------------|
| <i>Ain.</i> am bàrd,    | <i>the poet</i> .    |
| <i>Gin.</i> a' bhaird,  | <i>of the poet</i> . |
| <i>D.</i> air a' bhard, | <i>on the poet</i> . |
| <i>D.</i> do'n bhard,   | <i>to the poet</i> . |

#### FOCLACHADH.

Ni ainmear de'n cheud teàrnadh a ghinteach aonar le *i* a chur an déigh na fuaimraige deireannaiche 'san ainmeach ; mar, dàn, dàin.

*Rialt. 9.* Séididh ainmear cinnteach fearanta an ginteach, agus an doirteach aonar.

Séididh ainmear cinnteach boireanta an t-ainmeach agus an doirteach aonar.

*Seall. 1.* Tha ainmear aig nach 'eil a chonrag thoisich, séidichte 'na staid lom.

*Seall. 2.* Cha shéid ainmear cinnteach a toiseachadh le *d*, *l*, *n*, *r*, *s*, no *t*, car air bith.

\* Tha ainmear 'sam pungar roimhe cinnteach, agus ainmear gun am pungar roimhe neo-chinnteach.

#### SAMPLAIREAN.

Neo-chinnteach, *Indefinite.*

| <i>Iomadh.</i>        | Plur.             |
|-----------------------|-------------------|
| <i>Nom.</i> bàird,*   | <i>poets</i> .    |
| <i>Gen.</i> bhàrd,    | <i>of poets</i> . |
| <i>Dat.</i> bàrdaibh, | <i>to poets</i> . |
| <i>Voc.</i> bhàrda,   | <i>O poets</i> .  |

Cinnteach, *Definite.*

| <i>Iom.</i>            | Plur.                 |
|------------------------|-----------------------|
| <i>Ain.</i> na bàird,  | <i>the poets</i> .    |
| <i>Gin.</i> nam bard,  | <i>of the poets</i> . |
| <i>D.</i> na bardaibh, | <i>to the poets</i> . |

A noun definite wants the vocative.

\* Sometimes bàrdan, and several other nouns of this class, have a twofold plural; as, preas, *fr. a bush*, pl. pris or preasan ; meur, *b. a finger*, pl. meòir or meuran, &c.

After the same manner decline,      Air an doigh chéudna teàrn,  
 Bás, *death*; blàr, *a plain*; clàr, *a stave*; càl, *kail*; bodach, *a rustic*;  
 bonnach, *a cake*; coimhearsnach, *a neighbour*; cäbar, *a pole*;  
 tuathanach, *a farmer*.

2. BROG, *boir*. *a shoe.*

Neo-chinnteach.

| <i>Aon.</i>        | <i>Iom.</i> |
|--------------------|-------------|
| <i>N.</i> bròg,    | brògan.     |
| <i>G.</i> bròige,* | bhròg.      |
| <i>D.</i> bròig,   | brògaibh.   |
| <i>V.</i> a bhròg, | a bhrògan.  |

\* Feminine nouns add *e* to the *genitive* singular, but not to the *dative*.

A' BHROG, *the shoe.*

Cinnteach.

| <i>Aon.</i>               | <i>Iom.</i>            |
|---------------------------|------------------------|
| <i>A.</i> a' bhròg,       | na brògan.             |
| <i>G.</i> na bròige,      | nam bròg.              |
| <i>D.</i> aira' } bhròig, | na brògaibh.<br>do'n } |

\* Cuiridh ainmeanan boireanta e ris  
| Double entendre ; <i>dûbl ang-tang-dre</i>                  | A double meaning, a pun                 | Dà sheadh, rùn dùbailt                                     |
| Douceur ; <i>dū-soor</i>                                    | A present or bribe                      | Gibhte no brìb                                             |
| Dieu et mon droit ; <i>dyoo é mong drwa</i>                 | God and my right                        | DIA 's mo chòir                                            |
| Eclât ; <i>ai-klah</i>                                      | Splendour, pomp, noise                  | Dearrsadh,fuaim,mòr-chuis                                  |
| Elève ; <i>ai-lev</i>                                       | A pupil, scholar                        | Sgoilear                                                   |
| En bon point ; <i>ang bong poo-ang</i>                      | In a good condition ; jolly, stout, fat | 'An còr math, subhach reamhar, làn                         |
| En masse ; <i>ang mass</i>                                  | In a body                               | 'Am meall, taom                                            |
| En passant ; <i>ang pas-sang</i>                            | In passing, by the way, by the bye      | 'San t-slighe 'san dol seachad                             |
| Ennui ; <i>ang-noo-e</i>                                    | Lassitude, listless state               | Sgios, còr airtnealach                                     |
| Faux pas ; <i>fo pâ</i>                                     | A slip, misconduct                      | Tuisleadh, droch-bheart                                    |
| Fête ; <i>fête</i>                                          | A feast or entertainment                | Féisd, cùirm                                               |
| Fracas ; <i>fra-cà</i>                                      | Bustle, a slight quarrel                | Iomairt, co-stri bheag                                     |
| Honi soit qui mal-y pense ; <i>hōn-e swa ke mal-e-pangs</i> | Evil be to him that evil thinketh       | Olc dha-san a smuan-aicheas air ole ; olc air fear an uilc |
| Hauteur ; <i>ha-toor</i>                                    | Haughtiness                             | Ardan, uabhar                                              |
| Je ne sais quoi ; <i>shē ne sai kwa</i>                     | I know not what, indescribable          | Cha n-aithne dhomh ciod, do-airis                          |
| Jeu de mots; <i>zhoo de mō'</i>                             | A play upon words, a pun                | Cleas air focail                                           |
| Jeu d' esprit; <i>zhoo de-zprē'</i>                         | A display of wit; witticism             | Strod de ghéur fhocail                                     |
| Mal-à-propos ; <i>mal ap-ro-po</i>                          | Unfit, untimely, ill-suited             | Neo-iomchuidh, misfhreagarrach                             |

| French.                                    | English.                                          | Gaelig.                                            |
|--------------------------------------------|---------------------------------------------------|----------------------------------------------------|
| Mauvais hôte; <i>mo-vaiz hont</i>          | False modesty; affectation                        | Màldachd shealsa; baoth-leanachd                   |
| Mot du guet; <i>mo doo gooa</i>            | A watch-word                                      | Focal-faire, ciall-chagar                          |
| Naïveté; <i>nah-irv-tai</i>                | Candour, simplicity, ingenuousness                | Fosgailteachd, aon fhillteach, fosgarrachd         |
| Outré; <i>oo-trai</i>                      | Extravagant, eccentric, excessive, wild           | Neo-chuimseach, neònach, bòrb                      |
| Petit maître; <i>pe-te mey-tre</i>         | A fop, a beau                                     | Spalparra, gaoithean                               |
| Protégé; <i>pro-tai-jai</i>                | A favourite                                       | Céistean                                           |
| Rouge; <i>roohje</i>                       | Red; a kind of red paint for the face             | Dearg, seòrsa dath dearg do'n aodainn              |
| Sang froid; <i>sang frwa</i>               | Cold blood; indifference                          | Fuil fhuar; neo-aire                               |
| Savant; <i>sa-vong</i>                     | A learned man                                     | Fear ionnsaichte                                   |
| Soi-disant; <i>swa-de sang</i>             | Self-styled, pretended                            | Féin-ainmichte fear spad-fhoclah                   |
| Tapis; <i>ta-pai</i>                       | The carpet                                        | Brat-ùrlair, cas-bhrat                             |
| Tête à tête; <i>tet-a-tey</i>              | Face to face, cheek by jowl, private conversation | Ceann ri ceann, cluas ri cluais, comhradh diomhair |
| Unique; <i>oo-neek</i>                     | Singular                                          | Sonruichte, air leth                               |
| Un bel esprit; <i>ung bel e-spré</i>       | A pretender to wit                                | Aigneach maol                                      |
| Valet de chambre; <i>val-a de shom-ber</i> | A valet, or footman                               | Gille-seòmair, gille-coise                         |
| Vive le roi; <i>vive la roo-ah</i>         | Long live the king                                | Gu ma fada beò an righ                             |

## NOTION OF BUSINESS.

After the pupil has learned to read, spell, and speak the words of both, or either language, with a degree of propriety; the next subject to which he should direct his careful attention is, the mode of applying words in business; and, in order to assist him in doing so, a few directions and models are subjoined.

## BEACHD GNOTHAICH.

'Nuair a dh-ionnsaicheas an sgoilear focail na dà, no na h-aoin chainnt a léughadh, a chùbadh agus a labhairt mar nach olc, is e 'n ath cheann-teagaisg d' an còir dha 'aire chùramach a thoirt, alt cleachdaidh fhocalan ann an gnothachaibh; agus a chum a chònadh gu sin a dheanamh, cuirear sios beagan sheòlaidhean agus shamhultean.

## LETTER-WRITING, OR EPISTOLARY CORRESPONDENCE.

Letter-writing, or the art of conveying our ideas to one another through the medium of ink and paper, forms a most important part of one's education; and without a competent knowledge of this noble art, no person is fit to transact his business with advantage.

The learner, as soon as he is taught the use of the pen, should be made to write the names of the objects around him on his slate, or on paper; and then a short description of the utility or beauty of each of them, in the form of a letter to the Master, to be corrected and improved by him. The pupil will be thus, by degrees, led to the art of composition.

## DIRECTIONS, &amp;c.

In writing to relations, some endearing epithet is always put before the kindred title in English, and after it in Gaelic; as, *Dear, Beloved, Revered, or Honour'd Father, or Mother.* Conclude a letter to either thus,—Your very affectionate, dutiful, or loving Son or Daughter,—as the case may be.

Children should adopt the most respectful, as well as the most endearing mode of address towards their parents.

LITIR-SGRIOBHADH, NO CON-  
ALTRADH LITIREIL.

Tha Litir-sgriobhadh, no alt giùlain ar smuaintean gu càch a chéile tre chònadh ìnge agus páipeir, a' deanamh suas roinn ro-fhéumail de ionnsachadh neach agus gun eòlas cuimseach air an innleachd òrail so, cha n-eil neach sam bith freagarrach airson a ghnothaich a chur air aghaidh gu coromach.

Cho luath 's a dh-ionnsaicheas am foghlumach féum a' phìnn, is còir a thoirt air, ainmean nan nithe a ta mu 'n cuairt da a sgriobhadh air a sgleit, no air páipeir; 'an déigh sin, cunntas gearr mu mhaith, no mhaise gach aoin diùbh ann an uidheam litire do 'n Mhaighstear gu bhi ceartaichte agus leasaichte leisan. Mar so stiùirear an sgoilear a chuid 's a chuid gu alt co-sgriobhaidh.

## SEOLAIDHEAN, &amp;c.

'An sgriobhadh gu càirdibh, cuirear focal-gràidh eigin roimh an-ainm dhàimheil 'sa Bheurla agus 'na dhéigh 'sa Ghælig; mar, Athar, no A Mhathair *Ion-mhuinn, Ghaol,\* Urramach, no Onarach;* co-dhùinlitir gu h-aon diubh mar so,—Bhur Mac no Nighean Ghràdhach, Ghaolach, no Dhleasannach,—mar thachras do 'n chùis a bhi.

Is còir do chloinn co-labhairt fior mhodhail cho math 'us fior ghaolach a ghnàthachadh do 'm párrantaibh.

\* The gender and case of the noun addressed must be attended to,—We say, *Athar Ghaol, A Mhathair Ghaol;* in the vocative case.

Parents and guardians, &c. address their children, and those under their care, by using their christian name, along with the endearing term, instead of the kindred title; thus, *Dear John, My dear Ann,*—concluding with —Your affectionate or loving Father or Mother, &c.

In writing to a familiar acquaintance, to a friend, or to a person of equal rank with the writer, or a grade below him, the common form of address is, *Dear Sir, —* concluding with —Yours truly, or sincerely, or some other familiar phrase.

In writing on general business, to a person of higher rank than the writer, or to one with whom he is not familiarly acquainted, the ordinary address is, *Sir, —* concluding with,—Your Most Obedient Servant.

---

#### MODELS OF LETTERS.

##### No. 1.

From a son to his parents, on leaving home.

MY DEAR FATHER,

I arrived here in safety, on Saturday last. My passage was indeed very favourable all along. The steamer was not in the least retarded by contrary winds. Captain T. and all the hands on board were very kind to me all the way. I was particularly delighted with the fresh and beautiful scenery opening to my view on every side, as we were sailing up the Frith of Clyde: But O, father! I was completely lost in admiration and amazement, when I entered this *great city*, seeing its numerous and splendid

Co-labhraidh pàrantan agus céileadairean, &c. ri 'n cloinn agus riù-san a ta fo an càram, le gnàthachadh an ainme bhaiste'an cois an shocail-ghràidh 'an ait an ainme dhàimheil; mar so, *Iain Ionmhuiinn, M' Anna Ghaolach*, —a'co-dhùnadhlle D'Athair, no Do Mhàthair Ghaolach no Ghràdhach, &c.

'An sgriobhadh gu fear eòlais, gu caraid, no gu neach 'an inbhe co-ionann ris 'an sgriobhadair, no céum fodha, 'se an seòl colabhairt cumanta, *Shir Ionmhuiinn*, —a' co-dhùnadhl le Dhutsa, no Dhùibh-se gu fior, no gu h-ionraic, no seòllairt caoineil eile.

'An sgriobhadh air gnothach-aibh cumanta, gu neach 'an inbhe a 's àirde na 'n sgriobhadair, no gu h-aon air nach 'eil e gu math eòlach, is i cho-labhairt ghnàthaichte, *Shir*, —a' co-dhùnadhl le,—Do Sheirbhiseach Ro-Umhal.

---

#### SAMHUILTEAN 'LITRICHEAN.

##### Air. 1.

Bho mhac gu 'phàrantaibh, an déigh tigh 'athar fhàgail.

*Glasgow, 8th May, 1843.*

buildings ; but *being*, as yet, a stranger in this place, I must defer giving you a detailed account of what I see, till I get a little acquainted. My master is very kind to me, and says that I please him. Anxiously wishing to fill my situation to the satisfaction of my Master, and to prove to you, by my conduct on all occasions, that I endeavour to walk according to your kind advices, and worthy of your parental care and affection ; and, above all, to be directed by God. With kind love to yourself, and my dear Mother, brothers, and sisters,

I am,

My dear Father,

Your very affectionate Son,

JOHN GRANT.

\**Glascho, an t-8-mh de 'n Mhàigh 1843.*

ATHAR IONMHUINN,

'Rainig mi an tìr sò air di-sathuirne so 'chaidh gu sàbhailte. Bha mo thurus, gu dearbh gle fhàbharach fad na slighe. Cha d'-amaladh an Toitear a bheag le gaothan aghaidh. Fhuair mi Caiptean T. agus na làmhan uile, air bòrd fior chaoineil rè an astair. Bha mi gu h-àraid iar mo thoileachadh, leis na seallaidhean àra agus àillidh a bha 'g an nochdadh féin do m' shùil air gach taobh, mar bha sinn a' seòladh suas air caolas Chluain. Ach O, Athar, 's ann a bha mise iar mo làn-shlugadh suas le h-iongantas, agus uamhas 'nuair a dh'-imich mi stigh do 'n bhaile mhòr so ; a' faicinn 'aitreabhan lionmhòr agus dealrach. Ach iar dhomh a bhi fath-asd 'nam choigreach 'san aite so, féumaidh mi dàil a chur ann am min-chùnntas a thoirt dùibh air na tha mi 'faicinn, gus am fàs mi na 's eòlaiche. Tha mo Mhaighstear fior chairdeil rium, agus ag radh gu'm beil e toilichte leam. A' miannachadh gu cùramach m' aite 'lionadh gu taitneas mo Mhaighsteir, agus a dhearbhadh dhùibh-se, le mo chaith-beatha air gach àm, gu'm beil mi 'g oirpeachadhimeachd a réir bhur n-earailean càirdeach agus airidh air bhur cùram 's 'ur gràdh pàrantail-se ; agus os-cionn gach ni, gu bhi iar mo threòrachadh le Dia. Le rùn-gràidh dhùibh-féin, do mo Mhàthar ghaolaich, do mo bhràithribh, 'us do mo pheathraigibh,

Is mise gu bràch,

Athar ionmuinn,

Bhur Mac fior ghràdhach-sa,

IAIN GRANND.

---

\* Each English letter, &c. is followed by its Gaelic version.

No. 2.—A BUSINESS LETTER.

Air. 2.—LITIR GNOTHAICH.

SIR,

*Inverness, 10th May 1843.*

I shall be obliged to you to send me, next week, twelve fat wethers, two fat cows, (for killing) one milch cow, for the family. At the same time, forty stones of hay, four bolls good oat meal, one sack of fine flour, six stones butter, and two of cheese, making their prices as moderate as possible, since I purpose paying ready money.—I am,

SIR,

Your most obedient Servant,

To Mr George Thomson, }  
Farmer, Culloden. }

JAMES FRASER.

SHIR,

*Ionarnis, an 10-mh de 'n Mhigdh 1843.*

Bithidh mi 'nur comain airson dà mhult déug reamhar, dà bhó reamhar (gu 'm màrbhadh,) aon bhó bhainne airson na teaghlaich, a chur h-ugam air an ath-Sheachduin. Aig an àm chéudna dà fhichead clach shaoidh, ceithir bolla de mhin mhath choire, aon sac flùr min. Sea clachan ime 'us dà chloich chàis' a' cur am prisean cho saor 's a ghabhas deanamh, o'n tha rùn orm am paigheadh le airgid ullamh.—Is mise,

Shir,

Bhur Seirch. Ro Umhal,

SEUMAS FRIESEAL.

Gu Mr SEÒRUS M'THOMAIS, }  
Tuathanach,\* Cùllodair. }

No. 3.—THE REPLY.

Air 3.—AM FREAGAIRT.

DEAR SIR,

*Culloden, 12th May 1843.*

Agreeably to your esteemed order of the 10th inst. I have this day sent you the cows, wethers, and other articles which you required, as specified in the enclosed account, which I trust you will find correct, and moderate in price. It will give me much pleasure to serve you, and pay prompt attention to all your commands on every occasion.

I am,

Dear Sir,

Your obdt. Servt.

To Mr JAMES FRASER, }  
Merchant, Inverness. }

GEORGE THOMSON.

\* The preposition *ann a* or '*an*', is commonly expressed in Gaelic before the name of a person's residing place; as, S. M'Thomais *ann a* Cuillodair, or '*an* Cuillodair. When *ann* is not written, it is proper to insert a comma in its place, as above, to discontinue the apposition.

SHIR IONMHUINN,                    *Cùillodair, 12-ug de'n Mhàigh 1843.*

A réir bhur n-òrduigh mheasail air an 10-mh de'n mhios so, chuir mi h-ugaibh an diugh na mairt, na mult; agus na nithe eile 'dh'-iarr sibh, a ta ainmichte 'sa chùnntas iom-dhùinte, a gheibh sibh, tha dòchas agam, ceart, agus saor 'am prìsean.

Bheir e mòr thaitneas domh-sa bhur toileachadh agus deas-aire a thoirt do bhur n-uil' iarrtasan air gach àm.—Is mise,

Shir Ionmuinn,

Gu Mr SEUMAS FRISEAL,  
Marsanta, Ionarnis.                }

Bhur Seirch. Umhal,  
SEÒRUS M'THOMAIS.

ACCOUNTS.

In every account there must be two parties, *viz.* the *Creditor*, Cr. or the person who sells, and the *Debtor*, Dr. or the person who receives the goods.

CUNNTASAN.

Féumaidh dà phàirtidh a bhi anns gach uile chùnntas, *eadh. Creidear*, Cr. no an neach a reiceas, agus *Fiachair, Féichead*, Fr. no an neach a gheibh am bathair.

| 1843. Mr JAMES FRASER, Dr. |                     | To GEORGE THOMSON. |   |          |
|----------------------------|---------------------|--------------------|---|----------|
| May 12.                    | To 2 Fat Cows,      | at £10, 10s.       | - | £21 0 0  |
| " "                        | To 1 Milch do.      | at £12,            | - | 12 0 0   |
| " "                        | To 12 Fat Wethers,  | at £1, 5s.         | - | 15 0 0   |
| " "                        | To 40 stones Hay,   | at 8d.             | - | 1 6 8    |
| " "                        | To 4 bolls Oatmeal, | at 18s.            | - | 3 12 0   |
| " "                        | To 1 sack Flour,    | at 56s.            | - | 2 16 0   |
| " "                        | To 6 st. Butter,    | at 18s. 6d.        | - | 5 11 0   |
| " "                        | To 2 st. Cheese,    | at 6s 6d.          | - | 0 13 0   |
|                            |                     | <hr/>              |   |          |
|                            |                     | CR.                |   |          |
| " 14.                      | "By Cash in full,   | -                  | - | £61 18 8 |
|                            |                     | <hr/>              |   |          |
| GEORGE THOMSON.            |                     | <hr/>              |   |          |

| 1843. Mr SEUMAS FRISEAL, Fr. |                         | Do SHEÒRUS M'THOMAIS. |     |          |
|------------------------------|-------------------------|-----------------------|-----|----------|
| Màigh 12.                    | Do 2 bhó reamhar,       | air £10, 10s.         | £21 | 0 0      |
| " "                          | Do 1 Io. bhainne,       | air £12,              | 12  | 0 0      |
| " "                          | Do 12 Mhult Reamhar,    | air £1, 5s.           | 15  | 0 0      |
| " "                          | Do 40 clach Shaoidh,    | air 8d.               | 1   | 6 8      |
| " "                          | Do 4 bolla Mhin-choirc, | air 18s.              | 3   | 12 0     |
| " "                          | Do 1 sac Flùir,         | air 56s.              | 2   | 16 0     |
| " "                          | Do 6 cl. Ime,           | air 18s. 6d.          | 5   | 11 0     |
| " "                          | Do 2 cl. Chàise,        | air 6s. 6d.           | 0   | 13 0     |
|                              |                         | <hr/>                 |     |          |
|                              |                         | CR.                   |     |          |
| " 14.                        | Le Airgid gu làn,       | -                     | -   | £61 18 8 |
|                              |                         | <hr/>                 |     |          |
| SEÒRUS M'THOMAIS.            |                         | <hr/>                 |     |          |

Mr JOHN Ross Shepherd, Larkdale,

Bought of COLIN MANNER, Merchant, Fort-Augustus.

1843.

|         |                           |                      |         |
|---------|---------------------------|----------------------|---------|
| July 8. | 14 yards Cotton,          | at $9\frac{1}{2}$ d. | £0 11 1 |
| " "     | 3 Glengarry Bonnets,      | at 2s. 8d.           | 0 8 0   |
| " "     | 2 $\frac{1}{2}$ lbs. Tea, | at 5s. 6d.           | 0 13 9  |
| " "     | 20 " Sugar,               | at 9d.               | 0 15 0  |
| " "     | 6 " Soap,                 | at 7d.               | 0 3 6   |
| " "     | 2 " Tobacco,              | at 4s. 6d.           | 0 9 0   |

*Paid*

£3 0 . 4

C. MANNER.

Cheannaich Mr IAIN R̄os, Cibear, Dail-na-h-uiseig,

Bho CHAILEAN MANNER, Marsanta, Cille-Chuimean.

1843.

|         |                             |                       |         |
|---------|-----------------------------|-----------------------|---------|
| Iuli 8. | 14 slat. Cotain,            | air $9\frac{1}{2}$ d. | £0 11 1 |
| " "     | 3 boineidean Biorach,       | air 2s. 8d.           | 0 8 0   |
| " "     | 2 $\frac{1}{2}$ phùnnnd Tì, | air 5s. 6d.           | 0 13 9  |
| " "     | 20 pnd. Siucair,            | air 9d.               | 0 15 0  |
| " "     | 6 " Shiabunn,               | air 7d.               | 0 3 6   |
| " "     | 2 " Tombaca,                | air 4s. 6d.           | 0 9 0   |

*Paighe*

£3 0 . 4

C. MANNER.

## A RECEIPT.

## RASET.

A Receipt is a written acknowledgment of having received a certain sum of money or goods. All sums above £2 must be written on stamped paper, to make the receipt valid in law.

Is e Rasetaideachadh sgriobhte, iar faotainn suime àraigde dh-airgid, no bhathair. Féumaidh gach sùim os-cionn £2, a bhi air pàipeir stàmpte gus an raset a dheanamh lèghail.

Fort-Augustus, 20th May 1843.

Received from Mr James Barran, Thirty pounds twelve shillings, Stg. being payment of Twenty-eight quarters of Oats.

£30, 12s.

A. FRASER.

Cille-Chuimean, 20-mh de'n Mhàigh 1843.

Fhuair mi bho Mhr Séumas Barran, Deich pùinnnd fhichead agus dà thasdan déug Sasunach, mar phaigheadh airson Ochd cuartaran fichead de choirc.

£30, 12s.

A. FRISEAL.

## PART IV.

## PROSODY.

PROSODY\* is that part of grammar which treats of *Quantity*, *Accent*, *Versification*, and *Figures of Speech*.

The Composition of words in any language is either *Prose* or *Poetry*.

*Prose* is language not confined to a measured number of syllables or harmonic sounds.

*Poetry* or *Verse* is language confined to a measured number of *long* and *short* syllables to produce harmonic sounds.

**QUANTITY.**—The *quantity* of a syllable is the time occupied in pronouncing it. Quantity is either *long* or *short*; as, tūbe, tūb.

**ACCENT.**—*Accent* is the placing of a greater stress of the voice on one syllable, than on another; as, Rap' id, confer'.

## EARRAN IV.

## RANNACHADH.

Is e RANNACHADH\* an earran sin de ghràmar a ta 'teagascg mu *Thomhas*, *Stràc*, *Ranndachd*, agus mu *Fhigearan Cainnt*.

Tha Co-Shuidheachadh f hocalan ann an cainnt air bith 'na Rosg, no 'na Bhàrdachd.

Is e Rosg, cainnt nach 'eil iar a cur 'an àireimh shuidhichte de smidean no fhuaimean ceòlmhor.

Is e Bàrdachd no Rànn, cainnt iar a cur 'an àireimh shuidhichte de smidean *fad* agus *grad* a' dheanamh fhuaimean ceòlmhor.

**TOMHAS.** — Is e *tomhas* smide an tim a ghabhar 'g a fuaimeachadh. Tha tomhas aon chuid *fad* no *grad*; mar, cās, cās.<sup>n</sup>

**STRAC.** — Is e *Stràc*, toirt buille na 's mò dè 'n ghuth do dh-aon smid na do smid éile; mar, Eal'amh, buil-ich.

\* Prosody strictly denotes only that agreeable tone or melody which is in speech, but grammarians attach a wider signification to the term. Also its correspondent, *Rannachadh*, meaning the art of making verses, is here adopted, in the absence of a more comprehensive word, to embrace all the points treated of in the fourth part of grammar.

## VERSIFICATION.

*Versification* is the art of arranging words into lines of corresponding length, so as to produce harmony by the regular recurrence at fixed intervals of syllables differing in quantity.

In poetry, every syllable is either long or short, from its position in a foot, and not from the peculiar sound of its vowel.

*Verse* is of two kinds, viz. *Rhyme* and *Blank Verse*.

*Rhyme* is the name by which we distinguish verses or lines, whose final words or syllables end by a similar sound ; as,

“ Listen for dear honour’s sake,  
Goddess of the silver lake.”

*Blank Verse* is poetry without Rhyme.

## POETIC FEET.

Every line\* of poetry consists of successive combinations of syllables called *feet*.

A poetic foot generally consists of two, and some-

\* A line is a certain number of feet, a *Stanza* is a certain number of lines. Two lines are called a *couplet* or *distich*, three a *triplet*, and four a *quatrain*.

## RANNTACHD.

Is e Rànn-tachd alt suidheachaidh fhocalan ’nan streathan co-fhreagarrach ’am fad, gu tlàth-cheòl a dheanamh, le tachairt òrdail smidean ag eadar-dhealachadh ’nan tomhas, ’an eadar-àitibh suidhichte.

Ann am bàrdachd tha gach smid aon chuid fad no grad, an lòrg a seasaimh ann a’ cois agus ni h-ann o fhuaim àraid a’ fuaimraige.

Tha Rànn-de dha sheòrsa, eadh. *Ràim* agus *Du-Rànn*.

Is e Ràim an t-ainm leis an eadar-dhealaicheadh rannan no sleathan aig am beil am focail no an smidean deireannachd a’ dùnadh le fuaim co-ionann ; mar,

honour’s sake,  
silver lake.”

Is e *Du-Rànn* bàrdachd gun Ràim.

## CASAN BARDAIL.

Tha gach sleath\* de bhàrdachd a’ co-sheasamh ann am prasganaibh òrdail de smidibh, ris an canar *casan*.

Tha cas bhàrdail gu cumanta a’ co-sheasamh ’an

\* Is i liné, àireamh shonruichte de chasan, is e *Stansa* àireamh shonruichte de lineachan. Theirear *cúplan* ri dà liné, *trídan* ri tri, agus *ceirdan* ri ceithir.

times of three syllables, one of which is always accented.

It is called foot, from the tongue stepping along by measured pace in reading verse, as the feet in walking.

There are eight kinds of feet used in English and Gaelic poetry, named and exemplified in the following order :—

#### DISSYLLABIC FEET.

- Iāmbus, ~ - as, ādōre.
- Trochēe, - ~ as, nōblě,
- Phyrric, ~ ~ as, ḥn thē (sea.)
- Spondee, - - as, lōng pōle.

#### TRISSYLLABIC FEET.

- Anapaest, --- īntērcēde.
- Amphibrach, --- dōmēstīc.
- Tribrach, --- (mis)ērāblē
- Dactyl, --- pōssiblē.

The Iambus, Trohee, and Anapaest, are the feet most commonly used.

An Iambus is a poetic foot consisting of two syllables, of which the first is short, and the second long ; as, ēplōre.

**SCANNING.**—To scan a verse, is to divide it into its component feet.

#### IAMBIC MEASURE.

Verse of this measure is the most common, and also the most dignified, being adapted to serious and lofty subjects. It is of various lengths ; thus,

#### RANNACHADH.

dà agus air uairibh 'an tri smidean de 'm beil a ghnà aon stràcta.

Theirear cas ris, o imeachd na teanga air aghaidh le céum socrach 'an léughadh rainn, mar na casan 'an coiseachd.

#### CASAN DA-SMIDEACH.

- Iāmbus, mar ād ūr.
- Troché, " ūrd-āg.
- Pirric, " cāb-ār.
- Spondé, " bōrd mōr.

#### CASAN TRI-SMIDEACH.

- Anapest, mar ēad-ār-fās.
- Amphibrach, " dō lū-dāg.
- Tribrach, " tōg-ām-aíd.
- Dactil, " ūig-ēar-ān.

Is i an Iambus, an Anapest agus an Troché na casan a's ro thric' a ghàthaichear.

Is cas bhàrdail an Iambus a' co-sheasamh 'an dà smid de 'm beil a' chéud grad, agus an dara fad ; mar, rī-bōrd.<sup>n</sup>

**SGARADH.**—Is e rànn a sgàradh, eadar-dhealachadh gu 'chasaibh co-dheante.

#### TOMHAS IAMBIC.

Is e rànn de 'n tomhas so a's cumanta agus mar an céudna a's urramaiche, o bhi freagarrach ri pùngaibh stòld' agus àrd. Tha e de chaochla fad ; mar so,

- |                                                           |                                                                                                                                                                                                                                                                                                       |
|-----------------------------------------------------------|-------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|
| 1. Of two feet, or four syllables ; as,                   | 1. De dhà chois, no ceithir smidean ; mar,<br>Exālt   hís náme,<br>För mūch   hís fáme.                                                                                                                                                                                                               |
| 2. Of three feet, or six syllables ; as,                  | 2. De thri chasaibh, no sea smidean ; mar,<br>Ālōft   īn āw fūl stāte<br>The god'   like hé   ro sat'.                                                                                                                                                                                                |
| 3. Of four feet, or eight syllables ; as,                 | 3. De cheithir chasaibh no ochd smidean ; mar,<br>Thě jöys   ābōve   áre ūn   dērstōod,<br>And rel'   ish'd on'   ly by'   the good'.                                                                                                                                                                 |
| 4. Of five feet or ten syllables, called Pentameter ; as, | 4. De chuig chasaibh no deich smidean, ris an canar Pentameter ;* mar,<br>Lět nōt   āmbī   tiōn mōck   their ūse   fūl tōil,<br>Their home'   ly joys'   and des'   tiny' obscure',<br>Nōr grān   deür bear   wíth ā   dīsdāin   fūl smile<br>The short'   and sim'   ple an'   nals of'   the poor'. |

This is English heroic measure, so called from its having a majestic march, well suited to heroic argument. It is the most suitable measure for blank verse, and admits of variety, especially at the beginning and end of a line. The *first foot* is often a Trochee instead of an Iambus, and the *last* has often a short supernumerary syllable added to it ; thus,

Adām, | well may' we la'bour still' to dress'  
This gar'den, still' to tend' plant, herb', and flow' | ēr.

5. Of six feet or twelve syllables—Hexameter, also called *Alexandrine verse* ; as,

Thy rēalm | för ēv | ēr lāsts, | thy ūn | Mēssī | āh rēigns.

6. Of seven feet or fourteen syllables, called *Heptameter* ; as,

Thě Lōrd | dēscēnd | ēd frōm | ābōve, | ānd bōw'd | thě heav- | ēns hīgh.

Is e so an tomhas *Mor Beurla*, ainmichte mar sin o'n tha céum àrd aige fior fhreagarrach air son argumaid *moire*. 'S e tomhas a's freagarraiche air son Du-Rainn, agus gabhaidh e mùth, gu h-ar-aidh aig tùs 'us deireadh liné. 'Si *Trocé* tha gu tric 'sa cheud chois an aite na h-Iambuis, agus tha smid chòrr' ghrad gu tric ris a' chois dhèireannaich ; mar so,

5. De shea chasaibh no dā smid dheug—Hexameter,† ris an canar fös Rānn Alastair; mar,

6. De sheachd chasaibh no ceithir smidean deug, ris an canar Heptameter‡ ; mar,

\* Cuig-chasach. † Sea-chasach. ‡ Seachd-chasach.

Modern poets have divided this kind of verse into alternate lines of four and three feet, and that is the Measure commonly used in the psalms; thus,

Būt whō | ōf glō | rȳ īs | thē kīng ?  
 Thē mīght | ȳ Lōrd | īs thīs,  
 Ev'n thāt | sāme Lōrd | thāt grēat | īn mīght,  
 And strōng | īn bāt | tlē īs.  
 Cō ē | sīn fēin | Ard-Rīgh | nā glōir ?  
 An Tīgh | eārn lāid | īr trēun,  
 Iēhō | bhā nēārt | mhōr, crūāidh | ān cāth,  
 Bhēir būaidh | ā māch | dhā fēin.

## TROCHAIC MEASURE.

A Trochée is a poetic foot, consisting of two syllables, of which the first is long and the second short; as, nōblē.

This measure is brisk and animated. It is also of various lengths; thus,

1. *Of one foot and a long syllable, called Single Rhyme;* as,

Tūmūlts | cēase,  
 Sink' to | pēace.

2. *Of two feet or four syllables; as,*

On thē | mōuntaīn,  
 By' a | foun'tain.

*Single Rhyme.*

In thē | dāys ōf | ōld,  
 Sto'ries | plain'ly | told'.

3. *Of three feet; as,*      |      3. *De dhā chois, no ceithir smidean;* mar,

Whēn ȏur | heārts āre | mōurnīng.

4. *Of four feet; as,*      |      4. *De ceithir chasaibh; mar,*

Idlē | āstēr | dīnnēr | īn hīs | chāir,  
 Sat' a | far'mer | rud'dy, | fat', and | fair.

## RANNACHADH.

'Roinn bàird neo-shean a ghnè  
 rāinn so gu sreathan de cheithir  
 's de thri casan mu seach agus  
 'se sin an tomhas a ta gnāth-  
 aichte, gu cumanta, anns na  
 Sálmaibh; mar so,

## TOMHAS TROCHAIC.

Is cas bhardail an Trochē,  
 a' co-sheasamh ann an dà  
 smid de'm bheil a' cheud  
 fad agus an dara grad;  
 mar, ûasäl.

Tha 'n tomhas so brisg agus  
 beothail. Tha e mar an céudna  
 de chaochla fad; mar so,

1. *Dh-aon chois agus smid fhad, ris an canar Ràim Shingilt;* mar,

*Ràim Shingilt.*

5. *Of five feet*; as, | 5. *De chūig chasaibh*; mar,  
Virtue's | bright'ning | rāy shāll | bēam fōr | ēvēr.

6. *Of six feet*; as, | 6. *De shea chasaibh*; mar,  
On ā | mōuntain, | strētch'd bě | nēath ā | hōar̄y | willōw,  
Lay' a | shep'herd | swain', and | view'd the | rol'ling | bil'lōw.

## ANAPAESTIC MEASURE.

An Anapaest is a poetic foot consisting of three syllables, of which the first and second are short, and the third long; as, cōnträ-vēne.

In this measure the vocal stress is laid on every third syllable.

Anapaestic verse is, in common with Iambic and Trochaic, of various lengths; thus,

1. *Of two feet or six syllables*; as,

Whēn I lōōk | ǒn my bōys,  
They renew | all my joys.

*Or of two feet and a short syllable*; as,

Büt hīs cōur | āge 'gān fail | him,  
For no arts | could avail | him.

2. *Of three feet*; as,

O yē wōōds | sprēad yōur brānch | ēs āpāce,  
To your deep | est recess | es I fly.

The first foot of an Anapaestic line is sometimes an Iambus; thus,

Yē shēp | hērds sō chēēr | fūl ānd gāy,  
Whose flock | never care | lessly roam.

3. *Of four feet*, as,

Māy I gōv | ērn my pās | siōn wīth āb | sōlūte swāy,  
And grow wis | er and bet | ter as life | wears away.

## TOMHAS ANAPESTIC.

Is cas bhàrdail an Anapest, a' co-sheasamh ann an tri smidean, de 'm beil a' cheud 's an dara grad agus an treas fad; mar, dō-mō-rūn.<sup>n</sup>

'San tomhas so leigear buille de 'n ghuth air gach treas smid.

Tha rānn Anapestic, mar tha Iāmbic agus Trochaic, a chaochla fad; mar so,

1. *De dhà chois no sea smid-ean*; mar,

No 'dhà chois agus smid ghrad;

mar,

'Si Iambus a tha air uairibh  
anns a' cheud cois de liné Anapestic; mar so,

## EXERCISES ON SCANNING.

Scan the following verses, dividing each line into feet, and marking the accented syllables :—

## IAMBIC MEASURE.

Assist me O ye tuneful nine  
With ease to form the flowing line\*

Declare O Muse in what ill-fated hour  
Sprung the fierce strife from what offended pow'r

## TROCHAIC.

Round a holy calm diffusing  
Love of peace and lonely musing

Sweetest warblers of the skies  
Soon as morning's purple dies

## ANAPAESTIC.

I would hide with the beasts of the chase  
I would vanish from every eye

From the knaves and the fools and the fops of the time  
From the drudges in prose and the triflers in rhyme

## GAELIC VERSIFICATION.

The Gaelic, which is a branch of the primeval tongue, possesses poetical qualities of transcendent beauty. It is the language of nature herself, and has been, in all ages, distinguished for its power and success in descriptive poetry, and for effectually addressing and impressing the passions.

The ancient Gaelic Bards had peculiar facilities in composing their verses, and in describing their subjects, because they were not so much fettered by fixed laws of versification as modern poets. In pouring forth their poetical strains, their chief aim

## RANNTACHD GHIAELIG.

Tha aig a' Ghàelic, a ta 'na géug de chànan na sean-aimsire, buadhan bàrdail sàr-mhaiseach. Is i cainnt nàduir fein ; agus tha i ainmeil anns gach linn air son a' cumhachd, 's a h-àgh 'am bàrdachd dhealbhaich ; agus gu collabhairt ri càilibh na b-inntinn, 'us gu druidheadh orra le buaidh agus éifeachd.

\* These verses are left unpointed, in order to be used as exercises for the learner on Punctuation.

seems to have been to select suitable words of similar sounds for the preceding and succeeding lines.\*

## GAEILIC RHYME.

Rhyming words or syllables in Gaelic occur often in some intermediate foot or feet as well as at the end of the line; thus,

## RAIM GHÆLIG.

Gheibhearr focail no smidean ràimeachaidh 'sa Ghàelic gu tric ann a' cois no casaibh eadar-mheadhonach éigin, cho maith 's aig ceann na liné; mar so,

Oir saothair seòl no obair *ghlic*  
Cha deanar leat gu brath fo'n *lic*.

Togaibh *bharda bròn nam fonn*,  
Mu *thalla nan tonn*, a bh' *ann*,  
Thuit na tréuna *fada fo thom*,  
Thig *làithe nan sonn a nàll*.—OSSIAN.

## IAMBIC MEASURE.

## TOMHAS IAMBIC.

1. *Of four feet*; as,                    1. *De cheithir chasaibh*; mar,  
 Chă n-'eil | aĕn nēach | ă thriōb | laid sāor,  
 Am mēasg | ă chīn | nĕ dāoin' | aîr fād,  
 'S co lion | mhor os | na aig | an Righ  
 Is aig | an neach | is is | le staid.

BUCHANAN.

'Nuair thīg | ăn sāmh | rădh gëug | ăch ōirnn  
 Théid siann | năn spēur | ă'n ghrūam | ăichē.—M'INTYRE.

## TROCHAIC MEASURE.

## TOMHAS TROCHAIC.

- Fâilt ört | fēin, ă | Mhōr-thîr | bhōidheäch,  
 Anns ăn | ăg-mhios | Bhēaltainn.

MACDONALD.

## ANAPAESTIC MEASURE.

## TOMHAS ANAPESTIC.

Thûgădh lâgh | léis ăn Triāth | dhuinn d'är riâgh | lâdh ă thûs  
 Lagh nam buadh | anna ciat | ach gun fhiar | adh gun lùb.

M'GREGOR.

In the foregoing examples, the same foot prevails throughout each line, but in the following there is an intermixture of feet.

\* "The ancient Bards do not appear to have composed under any fixed laws of versification, yet the wildest effusions were not without a certain rule; their poems, although in blank verse, had a peculiar adjustment of cadence and feet, easily discoverable to a practical ear."

"*Polymetra*, or verses of different measures, employed according to the poet's taste or feeling,—a style capable of being rendered extremely effective,—is held to be the first form of composition, and has been frequently used by both the ancient and modern Gaél. It was adopted by other nations, and successfully practised by the French and Spaniards,—in England, it is first seen in the work of Ben Jonson."—*Scottish Gael*.—See *Beauties of Gaelic Poetry*, p. 48—54.

There are many beautiful passages in both our English and Gaelic poets, especially in the Gaelic, which cannot be scanned without the use of a variety of feet ; as,

Ā | Nīgheān | bhōidheāch  
 An | ūr-fhūilt | bhāchālāich  
 Nān | gōrm shūil | mīogach  
 'S nā | nūn bhās | sneachdā-gheāl.—Ross.  
 Thā sgēūl | āgām | dhūibh r'ā | īnnseādh  
 Aīr ceōl | 's aīr cānaīn ;  
 A toirt | clīū aīr | clūichē | Pīobā.  
 'S aīr lābh | aīrt Gāelīg.      M'INTYRE.

Gūr bīnn | ē leām | dō chō | rādh  
 Nā smeōrāch | nān gēugān.

Bhā mī | 'n dē 'm Beīnn | dōuraīn 'snā | cōir chā | rōbh mī | aīneōlāch  
 Chūnnā | mī nā | gleānntān 'snā | beānntaich | ēān ā | b'aithnē | dhōmh  
 B'ě | sīn ān'seallādh | ēiblīnn bhī | 'g īmeāchd | aīr nā | sleibhtibh  
 'Nuair | bhiōdh ā' | għriān āg | ēiridh 'sā | bhiōdh nā | fēidh ā |  
 lāngānaich.—ID.

#### POETICAL LICENSE.

In poetry there are used several words and phrases differing in their grammatical construction from the common form, in order to fit them the better for regular numbers. This liberty is called *poetical license*.

1. Words may be transposed to a greater extent in poetry than in prose.

2. Some words are lengthened by a syllable, and others are curtailed, in order to fill up the poetic measure exactly.

3. In poetry, nouns are often used for adjectives, and adjectives for adverbs ; as,

#### RANNACHADH.

Tha iomadh roinn àluinn araon ann ar bàrdaihb Beurla 'us Gàelic, gu h-àraid 'sa Ghàelic, nach gabh sgaradh gun chaochla casan a ghnàthachadh ; mar,

#### SAORSA BHARDAIL.

Tha mòran fhocal agus sheòl-lairtean gnàthaichte 'am bàrdachd, a ta dealachadh 'nan suidheachadh gràmarail, o'n staid chumanta, chum an cur 'an òrdugh na's fearr air son àireamhan rialtach. Ris a' chomas so, theirear *saorsa bhàrdail*.

1. Faodar focail atharrachadh céum na's mò 'am bàrdachd no ann an rosg.

2. Sìnear cuid a dh-fhocail le smid agus giorraicheadar cuid eile, chum lionadh suas an tomhais bhàrdail, gu h-eagarra.

3. 'Am bàrdachd gnàthaichear gu tric ainmearan an aite bhudharan agus buadharan an aite cho-ghniomharan ; mar,

" Amid the greenwood shade  
This boy was fed."  
" And the god-like hero answer'd mild."

4. Of the conjunctions that go in pairs, *nor* is often used for *neither*, and *or* for *either*; as,

" To them *nor* stores *nor* granaries belong,  
Nought but the woodland and the song."  
" Not man alone, but all that roam the wood,  
*Or* wing the sky, *or* roll along the flood."

5. There is a great variety of elliptical expressions to be found in poetry; thus,

Two words or syllables are often contracted into one; as, '*Tis* for *it is*; '*'twas* for *it was*; '*'twill* for *it will*; *'we'll* for *we will*.

6. Vowels, and sometimes consonants, are elided, to run two syllables into one.

#### DIFFERENT KINDS OF POETRY.

1. An *Epic Poem* is a fanciful discourse, invented, to give an exalted description of some great achievement or event.

2. A *Dramatic Poem* is one in which some action is represented, or some design unfolded, only by the plays and speeches of stage-actors.

3. A *Lyric Poem* is one that may be sung or set to music.

4. A *Pastoral Poem* is one which describes the loves and joys of shepherds, and pictures out rural life. Also called *Bucolic* or *Eclogue*.

4. De na naisgearan a théid 'nan cupuill gnàthaichead gu tric *nor* an aite *neither*, agus *or* an aite *either*; mar,

" To them *nor* stores *nor* granaries belong,  
Nought but the woodland and the song."  
" Not man alone, but all that roam the wood,  
*Or* wing the sky, *or* roll along the flood."

5. Gheibhear moran sheòllairtean bearnach 'am bàrdachd; mar so,

Giorraichear gu tric dà shocal no dà smid gu aon; mar, *Is e, is i, is iad, gu 'se, \* 'si, siad; bu gu b'*; *is àill, bithidh, gu 'saill, bi'dh.*

6. Tilgear fuaimragan, agus air uairibh cònnragan, gu dà smid a ruith gu aon.

#### CAOCHLA SEORSA BARDACHD.

1. Is e *Dàn-Mòr* còradh smuainteil iar a chur ri chéile, gu àrd chunntas a thoirt mu ghniomh tréun, no aobhar àraig.

2. Is e *Dàn-Cluiche* aon anns am beil gniomh àraig riochdaichte, no rùn àraig iar fhosg-ladh a-mhain le sealaidean 'us cainnt chleasaichean.

3. Is e *Dàn-Cruite* aon a dh-fhaodar a shéinn, no chur ri ceòl no fonn.

4. Is e *Dàn-Aodhaireil* aon anns am beil gaol 'us aiteas bhuachaillean iar an airis, agus àbhaistean dùchail foillsichte. Ris an canar fòs Bò-choilleag.

\* These, and other Gaelic contractions, are much used, but with no propriety, in prose.—For *bu*, see *Gaelic Construction, Rule 30*.

5. An *Elegy* is a poem, in which the loss of deceased friends is affectingly lamented, and their virtues recounted and extolled.

6. An *Epigram* is a short poem of a few pointed lines, generally of a sarcastic or severe nature, to taunt or mock some particular person or act.

#### I.—FIGURES OF SPEECH.

A Figure in grammar is an intentional deviation from the ordinary form, construction, or application of words.

There are three classes of grammatical figures, *viz.* figures of Etymology, figures of Syntax, and figures of Rhetoric.

##### FIGURES OF ETYMOLOGY.

The principal figures of Etymology are seven, *viz.*

A-phaer-e-sis,\* A-poc-o-pē, Di-aer-e-sis, Par-a-go-gē, Pros-the-sis, Syn-co-pē, and Syn-aer-e-sis.

1. *Aphaeresis* is the omission of some of the initial letters of a word ; as, *'gainst*, *'gan*, for *against*, *began*.

2. *Apocopē* is the omission of some of the final letters of a word ; as, *th'* for *the*, *tho'* for *though*.

5. Is e *Cumha*, no *Marbh-ránn*, dàn anns am beil càll chàirdean a dh'-éug iar a chaoidh gu trom agus an subhailcean aijnmichte 's iar an àrd-mholadh.

6. Is e *Gearr-Dhuan* dàn beag anns am beil beagan lineachan géur-fhoclach, gu tric de nàdur béumach a bhéumadh, no 'mhāgadh neach no gniomh' àraig.

#### I.—FIGEARAN CAINNT.

Is e Figear 'an gràmar clao纳dh deònach, o staid, o shuidheachadh, no bho cho-chur suidhichte fhocal-an.

Tha trì roinnean a dhfhigearan gràmarail ann ; eadh. figearan Foclachaidh, figearan Rialtachaidh, agus figearan Oir-chainnt.

##### FIGEARAN FOCLACHAIDH.

Is iad priomh fhigearan Foclachaidh seachd, *eadh.* Figearan Rialtachaidh, agus Figearan Oir-chainnt.

1. Ise *Aphēresis*\* fagail amach cuid de litrichibh tùsail focail ; mar, *'s*, *'eil*, airson *is* agus *beil*.<sup>n</sup>

2. Is e *Apocopē*, fágail a-mach cuid de litrichibh deireannach focail ; mar, *ge*, *aithriche*, airson *ged*, *aithrichean*.<sub>n</sub>

\* If any should demur to the use of these and other words in both languages without a Gaelic version of each, let him observe, that these and several other technical terms, used in grammar, are not English words, but words derived chiefly from the *Greek* and *Latin*, put into an *English dress*, and that the *Gaelic* is, in the absence of a more suitable term, equally entitled to their use, and also to cast them in its own mould.—See *Gram. voc.*

3. *Diaeresis*.—See this figure on p. 329,—11.

4. *Paragogè* is the annexing of an expletive syllable to a word ; as,

*Casten* for *cast*.

5. *Prosthetic* is the prefixing of an expletive syllable to a word ; as,

*Yclad, bestir*, for *clad, stir*.

6. *Syncope* is the omission of some of the middle letters of a word ; as, *o'er, lov'd*, for *over, loved*.

7. *Synaeresis*, the opposite of Diaëresis, is the throwing of two syllables into one ; as,

*Seest* for *seëst*. *Looked* for *look-ed*.

## II.—FIGURES OF SYNTAX.

The principal figures of Syntax are four, viz.—

*El-lip-sis, Ple-o-nasm, En-al-la-gē, and Hy-per-ba-ton.*

